

**CANONGATE KIRK**  
**THE KIRK OF HOLYROOD HOUSE**  
**EAGLAIS TAIGH HOLYROOD**



GAELIC

**1.** Ann an eachdraidh fhada, bha dà thogalach aig Eaglais Chanongate; aig Abaid Holyrood(1128) a tha a-nis na tobhta ri taobh Lùchaitr Taigh Holyrood; agus an seo ann an cridhe a' Chanongate. Ann an 1688, thug Rìgh Seumas VII( II de Shasann) thairis Eaglais na h-Abaid airson Caibeal do Ordagh an Fhòghnain, agus thug e tairgse gun togadh e an tè seo na h-àite. Chosg e £1,900 a thàinig bho airgead a bha air fhàgail le ceanniche beartach, Thomas Moodie, don Chrùn. Tha a shuaicheantas aim ri fhaicinn os cionn doras na h-eaglaise, Bha an togalach deiseil ann an 1690 an dèidh do Rìgh Seumas VII an Rìgh-chathair fhàgail, agus chaidh na h-iuchraighean a thoirt do Mhinistear Chanongate ann an 1691. Is e an Suicheantas Rìoghail a tha os cionn an àrd-dhorais an suaicheantas a bhuin do Rìgh Seumas, le Sgiath Nassau anns a' mheadhan a tha ga dhèanamh na shuaicheantas do Rìgh Uilleam a lean e.

**2.** Fhuair an eglais tòiseachadh rìoghail. Bha Rìgh Dàibhidh na aonar anns a' choille faisg air Holyrood nuair a thug damh geal ionnsaidh air agus chuir e far an eich e, agus bha an damh a' dol ga shàthadh leis na h-adhaircean aige. Gu grad, thaisbeanadh aisling den Chrois Naoimh eadar cabar an fhèidh. Thug sin misneach dha agus theich am fiadh. Airson taing a thoirt airson a theàrnadh, stèidhich an Rìgh an Abaid ann an 1128 *ann an onair na Croise Naoimhe, na h-Oighe, agus nan Naomh uile*. Bha Eaglais na h-Abaid a' dèanamh seirbhis mar eglais na sgìre agus Caibeal Rìoghail far an robh mòran de Rìghrean na h-Alba air am baisteadh, air am pòsadh, air an crùnadhar agus air an tiодhlacadh. B'e Teàrlach I an Rìgh mu dheireadh a chaidh a chrùnadhar san Abaid ann an 1633. Aig an Ath-leasachadh ann an 1560, bha an eglais air a h-aithneachadh mar Eaglais Holyroodhouse (Eaglais Chanongate) agus chum poball a' Chanongate orra ag adhradh an-sin gu 1688.

**3.** Tha uirsgeul Rìgh Dàibhidh agus an daimh ghil ga dhealbhachadh tron togalach, gu h-àiridh ann an Trannsa Rìgh Dàibhidh: an toiseach ann an dealbh le Stanley Cursiter RSA; agus san dara àite ann am panal a' bhùird chomanachaидh a bha air a thionnsgnadh 's air a dhèanamh 's air a thoirt seachad mar ghibht le ballrachd dhileas a' choitheanail. Tha an sgeulachd cuideachd a' nochdadhar air taobh a-muigh na h-eaglaise, aig a bhalla aghaidh, le ceann daimh agus cabair, ann an dath òir a thug Rìgh Seòras VI don eglais mar thiодhlac.

**4.** Tha ainmean agus cinn-bhliadhna Mhinistearan Canongate bhon Ath-Leasachadh ann an 1560 air làr an apse. Mhair ministrealachd an dithisid seo – *an t-Urr. Thomas White agus am Fior Urr. Ronald Selby Wright* a bha aithnichte fad is farsaing mar 'Radio Padre', faisg air ceithir ficead 's a deich bliadhna.

**5.** Air an làimh chlì den apse tha an Caibeal Cuimhneachain a dh'fhosgladh ann an 1951 le Riaghladair Caisteal Dùn Eideann agus a tha coisrigte ann an cuimhne an dà fhichead de mhic Canongate a thug suas am beatha ann an Cogadh 1935 – 45. Tha a' cheis ghlainne bheag air taobh an iar a' bhùird mar chuimhneachan Comann nan Dunkirk Veterans agus gaineamh bho thràigh Dunkirk na broinn. Chaidh *an Roll of Honour* den 603 (City of Edinburgh) Squadron a leigeil ris le H.M. a' Bhàin-Rìgh ann an 1959. Rinneadh an snaigheadh *Christus Victor* le Josephina de Vasconcellos.

**6.** Tha Lùchaitr Holyrood agus Caisteal Dhùn Eideann fhathast ann an Sgìre Chanongate agus tha suidheachain air dà thaobh trannsa na h-Eaglaise leis na suaicheantais aimh fhreagarrach air an clàradh orra.

**7.** Tha Eaglais Chanongate aithnichte mar an Eaglais Armailteach ann an Prìomh-Bhaile na h-Alba. Os cionn a' chuirp-eaglais tha na h-*Old Colours* den chiad Bhattalion KOSB an crochadh, "laid up", ann an 1976 an làthair a' Phriomh-Chòirneil, HRH Princess Alice, Bàn-Diùc Ghlocester, agus dathan an 7/9mh Royal Scots (An Dandy Ninth), "laid up" ann an 1986 aig seirbhis a fhritheil am Prìomh-Chòirneal, a' Bhana-Phrionnsa Ann, a' Bhana-Phrionnsa Rìoghail.

Ann an 1983 air an 350mh. ceann bliadhna de thogail na Reisimeid, ghabh na Royal Scots(an Reisimeid Rìoghail) ri Canongate mar Eaglais na Reisimeid agus tha sin air a chlàrachadh air balla làimh ris a' chùbaid. Bhuineadh a' chùbaid seo ri searmonaiche ainmeil, *an t-Oll. Thomas Chalmers*, agus thàinig e bho Eaglais Chalmers a bha faisg air far a bheil am Port an Iar agus an Grassmarket a' coinneachadh, nuair a dhùin i ann an 1949.

**8.** Tha ceangal eachdraidheil eadar na suaicheantais air beulaibh a' ghailearaidh ris na *craft guilds* a bha anns an t-seann Bhorgh Chanongate.

**9.** Chaidh atharrachaidhean mòra a dhèanamh anns a' mheadhon an dèidh Cogaidh Mhòir II. Bha dà mheudachadh a rinneadh anns an 19mh linn a thoirt air falbh - am balla a bha eadar an corp-eaglais agus an apse; agus na lobhtaichean aig gach taobh. Aig an aon àm chaidh àirneis ùr a bhuleachadh air an eaglais – na stàilean anns an apse, an Suidheachan Rìoghail, Suidheachan an Riaghlaidair agus Stàilean na Còisire.

**10.** Ann an 1991, chaidh crìoch a chur air obair mhòir eile a-muigh agus a-staigh, agus ath-ùrachadh den mhullach a-staigh a rinneadh ann an 1817 cuideachd, an dà chuid airson an togalach a dhòn agus ceann trì cheud bliadhna a chomharrachadh. Thàinig an t-airgead airson sin chan ann a-mhàin bhon choithional ach bho na h-uile roinn den choimhearsnachd agus bho na h-uile ball inbheach den Teaghlaich Rìoghail.

**11.** Ann an 1994, thòisich pròiseact brat-greise mar chuimhneachan air an fheadhainn a bhàsaich ann am Blàr Normandy air 6 Òg-mhìos, 1944(*D-Day*) air neo a bhàsaich as dèidh sin. Bha plana am Brat-greise seo a bhith na chòmhdaidh air suidheachan an apse airson aire a tharraing don chrois a tha na fòcas fo uinneig shoilleir, mhòir an apse. Chaidh a dhealbhadh le Hannah Frew Paterson, MBE à Glaschu agus chaidh oibreachadh le sgioba de fhichead 's a trì de luchd obair-ghreise. Chaidh cosdas na h-oibre a phàigheadh leis an "Normandy Veterans Association, Fife, Lothians agus Borders No. 34 Branch", agus le càirdean is ballrachd Chanongate Kirk.

**12.** Chaidh an t-orghan anns a' ghailearaigh a dhealbhachadh 's a a thogail le Th. Frobenius à Copenhagen san Danmhairc. Tha e mar chuimhneachan air an Fhòr Urr. Ronald Selby Wright, CVO, TD, DD, FRSE a bha na mhinistear aig Eaglais Chanongate bho 1937 gu 1977, agus chaidh ainmeachadh air 15mh Samhainn, 1998. Is e orghan mòr a th'ann, orghan suail agus orghan chasachan, le fichead stad fuaimneachaidh uile gu lèir.

**13.** Tha an t-Ionad Neach-tadhail aig prìomh-dhoras na h-Eaglais a' nochdad a' cheangail eadar a' chiad togalach aig Holyrood agus an togalach a tha an-seo ann an Canongate. Chaidh am *Mortification Board* de 1644 a thoirt bho sheann eaglais Holyrood ann an 1691: tha am poirdse ùr de ghloine ghràbhailte aig an teachd-a-steach a' cuimhneachadh nan trì cheud bliadhna de adhradh leantainneach ann an-seo, 1691- 1991.

**14.** Tha an eaglais seo air leth inntinneach ann an ailtireachd na h-Alba. Tha tuairsgeul nas iomlaine agus eachdraidh ghoirid anns a' Ghuide a tha ri reic san fhòr-dhoras. Gheibhear Guide don Chladh cuideachd.

*Bidh Seirbhis Theaghlaich ga cumail a h-uile Sàbaid aig 10.00m.  
Bidh Adhradh na Paraiste a' leantainn seo aig 11.15m.  
Bidh fàilte chridheil ro luchd-tadhail uile.*

*Bidh Sacramaid a' Chomanachaидh aig Seirbhis Adhraidh na Paraiste  
air Là na Càisge, Là na Caingis, Là nan Naomh Uile agus Là na Nollaige;  
agus air an t-Sàbaid mu dheireadh de na h-uile mìos.*